

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Na Lochlannaich ann an Tiriodh

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 814. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 510 corresponds to Litir 814.

Thug na Lochlannaich buaidh mhòr air Gàidhealtachd na h-Alba. Thug an t-Seann Lochlannais buaidh air a’ Ghàidhlig. ’S iomadh facal a tha sinn a’ cleachdadh an-diugh aig an robh tùs ann an Lochlannais – leithid *geòla*, *laimrig*, *langa* is *mol*. Seadh, gu leòr dhiubh le ceangal don mhuir. Tha fad a bharrachd fhaclan-iasaid Lochlannais ann an Gàidhlig na tha de dh’fhaclan Gàidhlig a chaidh don Lochlannais. Tha dùil gu bheil sin a’ dearbhadh gun robh na Lochlannaich a’ smachdachadh nan Gàidheal gu ìre mhòr.

Ach bidh ceist ann mu na thachair anns na h-eileanan a thaobh cànan. An do dh’fhalbh a’ Ghàidhlig fo bhuidh na Lochlannais? An robh a h-uile duine a’ bruidhinn Lochlannais airson ùine? No, eadhon, nuair a bha làn-smachd poilitigeach aig na Lochlannaich, an robh feadhainn fhathast a’ bruidhinn na Gàidhlig? Agus an robh an suidheachadh eadar-dhealaichte ann an diofar eileanan?

Airson fianais, feumaidh sinn dhol gu gintinneachd, gu airceòlas, gu làmh-sgrìobhainnean eachdraidheil agus gu ainmean-àite. Bidh ainmean-àite gar cuideachadh ann a bhith a’ tuigsinn na thachair don Ghàidhlig fo bhuidh nan Lochlannach.

Tha an Dr Iain Holliday a’ fuireach ann an Tiriodh. Tha Gàidhlig mhath aige. Tha e air a bhith a’ toirt sùil air ainmean-àite an eilein agus sgrìobh e pàipear gu math inntinneach mun cheud is seachdad ainm Lochlannach ann an Tiriodh. ’S e dìreach ceud is ceithir a bh’ air an clàradh leis an t-Suirbhidh Òrdanais. Chuir Iain fhèin seasgaidh ’s a sia a bharrachd don liosta. Ge-tà, tha còrr math is trì mìle ainm Gàidhlig anns an eilean.

Thàinig na Lochlannaich a Thiriodh anns an naoidheamh linn an dèidh Chrìosda. Agus dh’atharraich iad an t-eilean gu mòr. Carson a tha sinn a’ smaoinichadh sin? Uill, chan eil ach aon ainm-àite againn an-diugh a bh’ ann am bith mus tàinig na Lochlannaich – ’s e sin *Tiriodh*, ainm an eilein fhèin.

Air ceann an iar-dheas Thiriodh, tha seann dùn air a bheil Dùn nan Gall. Bhiodh ‘Gall’ an sin a’ ciallachadh ‘Lochlannach’. Faisg air làimh, ri taobh geodha, tha creag air a bheil *Borabrig*. Tha sin a’ ciallachadh ‘laimrig ri taobh an dùin’. Tha Iain dhen bheachd gu bheil sin a’ sealltainn gun robh na Lochlannaich a’ cleachdadh an dùin mar dhaingneach. ’S ann le fòirneart a thug iad buaidh an toiseach.

Bha na Lochlannaich a’ fuireach air feadh an eilein. **Rinn iad ath-chruthachadh air** siostam an fhearainn is cruth nam bailtean. Dh’fhàg iad ainmean pearsanta ann an cuid de dh’ainmean-àite. Eadhon an-diugh, tha ainmean Lochlannach

air seasgad às a' cheud de bhailtean Thiriodh. Ach chan eil an dualchas Lochlannach cho làidir ann am pàirtean dhen eilean 's a tha e ann am pàirtean eile.

Tha Iain dhen bheachd gun robh Gàidheil a' fuireach anns an eilean fad na h-ùine a bha iad fo smachd nan Lochlannach, agus gun do mhair an cànan beò. 'S dòcha gun deach feadhainn dhiubh a ghluasad a-mach à ceàrnaidhean Lochlannach gu ceàrnaidhean Gàidhealach. Ach cha robh an dà shluagh air an sgaradh buileach bho chèile. Tha dùil gun do phòs mòran fhear Lochlannach boireannaich Ghàidhealach.

Mhair an Lochlannais ùine mhòr. Tha fianais ann an ainmean-àite gun do mhair i cho fada ris a' cheathramh linn deug. Ach 's i a' Ghàidhlig aig an robh làmh-an-uachdair mu dheireadh thall. Agus tha i air bilean cuid de mhuinntir Thiriodh chun an latha an-diugh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Lochlannaich: *Vikings, Norse*; geòla: *dinghy, small boat*; laimrig: *landing place (maritime)*; langa: *ling (fish)*; mol: *shingle*; pearsanta: *personal*; phòs: *married*; làmh-an-uachdair: *the upper hand*; bilean: *lips*.

Abairtean na Litreach: Thug an t-Seann Lochlannais buaidh air a' Ghàidhlig: *the Old Norse language affected Gaelic*; gu leòr dhiubh le ceangal don mhuir: *many of them with a link to the sea*; fad a bharrachd fhaclan-iasaid: *many more loan-words*; a' dearbhadh gun robh X a' smachdachadh Y: *proving that X was controlling Y*; nuair a bha làn-smachd poilitigeach aig X: *when X had full political control of Y*; feumaidh sinn dhol gu gintinneachd, gu airceòlas, gu làmh-sgrìobhainnean eachdraidheil: *we must go to genetics, archaeology, historic manuscripts*; bidh ainmean-àite gar cuideachadh: *place-names help us*; bh' air an clàradh leis an t-Suirbhìdh Òrdanais: *that were recorded by the Ordnance Survey*; tha còrr math is trì mìle ainm Gàidhlig anns an eilean: *there are many more than three thousand Gaelic names on the island*; an naoidheamh linn an dèidh Chrìosda: *the 9th Century AD [after Christ]*; a bh' ann am bith mus tàinig X: *that was in existence before X came*; faisg air làimh, ri taobh geodha, tha creag: *nearby, beside a geo, there is a rock*; a' cleachdadh an dùin mar dhaingneach: *using the fort as a fortress*; 's ann le fòirneart a thug iad buaidh an toiseach: *it's with [by using] violence that they were victorious to begin with*; a' fuireach air feadh an eilein: *living throughout the island*; gun do mhair an cànan beò: *that the language remained in existence*; a-mach à ceàrnaidhean Lochlannach: *out of Norse areas*; cha robh an dà shluagh air an sgaradh buileach bho chèile: *the two peoples were not entirely separate from one another*; gun do mhair i cho fada ris a' cheathramh linn deug: *that it survived until the 14th Century*.

Puing-chànain na Litreach: seasgad às a' cheud: *sixty percent. You will hear people use the phrase 'percent' in Gaelic as well (it originates in Latin), but às a' cheud does the job. Tha ochdad 's a còig às a' cheud a' creidsinn seo '85% believe this'*; tha seachd-deug às a' cheud de mhuinntir na Frainge a' toirt taic dha *'17% of French people support him'*.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Rinn iad ath-chruthachadh air siostam an fhearainn is cruth nam bailtean: *they reformed the land system and the form of settlements*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA